



AM MEIRLEACH

AGUS

AN SLANUIGHEAR

A' BÀSACHADH LE CHEILE.



“ Agus an uair a thàinig iad do 'n àit d' an goirear Calbhari, an sin cheus iad e féin, agus na droch dhaoine; fear dhiubh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chli. An sin thubhairt Iosa, Athair, maith dhoibh; oir cha 'n 'eil fhios aca ciod ata iad a' deanamh. Agus roinn iad 'eudach, agus thilg iad crannchur air. Agus sheas an sluagh ag amharc: agus rinn na h-uachdarain fanoid air maille riusan, ag ràdh, Shaor e daoine eile; saoradh se e féin, ma 's e so Crìosd, aon taghta Dhe.—Agus thug aon de na droch dhaoineibh, a chrochadh, toibheum dha, ag ràdh, Ma 's tu Crìosd, saor thu féin agus sinne. Ach fhreagair am fear eile, agus chrònaich se e, ag ràdh, Nach 'eil eagal Dé ort, agus gu bheil thu fo 'n aon dìteadh ris? Agus sinne da rìreadh an ceartas; oir tha sinn a' faotainn nan nithe sin a thoill ar gnìomharan: ach cha d' rinn an duine so cron air bith. Agus thubhairt e ri Iosa, A Thighearna, cuimhnich ormsa 'n uair a thig thu do d' rioghachd. Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin tha mi ag ràdh riut, gu 'm bi thu maille riumsa an diugh ann am Pàrras.”—Luc. xxiii. 33–35, 39–43.



Is minic a ghuidh sgrìobhadair an leabhraim so gu 'm bàsaicheadh e ann an sìth, air a leabaidh, air a chuariteachadh le beagan de chairdibh diadhaidh, gu bhi 'g ùrnuigh maille ris, agus 'g a mhisneachadh le bhi ag aithris cuid de na geallaidhean a tha air an cur sìos anns a' Bhìobull. Agus tha e a' smaoinicheadh gu 'n dùraicheadh na h-uile duine diadhaidh bàsachadh anns an dòigh cheudna. Ach, mo thruaighe! ciod an caochladh seallaidh a tha an so, air a chur fa chomhar ar sùilean! Feuch

[*The Dying Thief, and the Dying Saviour.*]

Gaelic 16.

mèirleach a' bàsachadh, agus Slànuighear a' bàsachadh ! 'S e an cor cor a's brònaiche a's urrainn bhi air a smuaineachadh : tha iad le chéile ann an ospagan a' bhàis, ach cha 'n ann ann an seòmar sàmhach, no ann am meadhon chàrdean : cha 'n ann : tha iad araon air mullach beinne, air an tairngneachadh ri crann-ceusaidh, cuairtiche le saighdeiribh borba, fosgailte do spleuchdaireachd a' mhòrshluaigh a thàinig, cuid le annas, agus cuid le rùintibh eile, a' dh' fhaicinn a' cheusaidh.

Aig an àm sin bha Ierusalem làn muinntir, a thàinig as na h-uile cèarn de 'n dùthaich, a fhrithealadh na càisge : agus cha 'n urrainn sinne beachd a bhi againn de 'n àireamh a chruinnicheadh a dh' fhaicinn an t-scallaidh ; gu h-àraidh do bhrìgh gu 'n robh Iosa dhiubhsan a bha air an ceusadh. Am measg nan cùisean neo-fhàbharach so, rinnadh aon de na h-oibribh a's iongantach a chunnaic sùilean dhaoine no ainglean riamh. Ach a chum 's gu 'm bi beachd ni 's soilleire againn air so, seòlamaid ar n-aire an toiseach, a chum a' mhèirlich a bha a' bàsachadh.

An cuid de dhùthchannibh tha am mèirleach air fhògradh ; ann an dùthchannibh eile, tha e air a chur gu bàs. Tha laghanna Dhé agus dhaoine a' dìteadh a' mhèirlich gu dian ; agus gidheadh, anns na h-uile tìr, tha àireamh nam mèirleach mòr. Tha so a' toirt beachd cràiteach air nàdur an duine, agus a' taisbeanadh cia co uamhasach agus a tha an duin' air tuiteam o a cheud naomhachd. Tha cuid 'n an gaduichean an nithibh beaga, agus cuid an nithibh mòra. Bha 'n gaduich' air a' chrann-cheusaidh air briseadh lagha a dhùthcha ; bha e air a ghlacadh le làimh ceartais, agus bha e nis a' fulang airson a ghnìomharan aingidh.

Gu ruig àm a cheusaidh dh' fhan e cruaidh, neo-aithreachail ; cha do ghlac agartas coguis 'anam ciontach an lorg na chaidh seachad, ni mò bha e air a lìonadh le eagal a thaobh na bha ri teachd. An ceann beagan uairean, bhiodh e air a thilgeadh gu sìorruidhachd, gidheadh cha robh dùrachd sam bith aige e féin uidheamachadh gu coinneamh a thabhairt d' a Dhia. Cia co eagalach agus a tha a leithid sin de staid ! Cia mar a thigeadh dhuinne iochd a nochdadh do luchd eusaontais fo bhinn bàis !

Bha an t-eucorach cruaidhichte so, cha 'n e 'mhàin neo-aithreachail an uair a thòisich 'fhuilangasan, ach mhaslaich e an Slànuighear an déigh a thairngneachadh ris a' chrann-cheusaidh. Tha dithis de na Soisgeulaichean glé shoilleir air a' phuine so. Tha *Mata* ag ràdh ; “ An sin cheusadh maille ris dà ghaduiche ; fear air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chli. Agus thug iadsan a bha 'dol seachad toibheum dha, a' crathadh an cinn, agus ag ràdh, Thus' a leagas an teampull, agus a chuireas suas an trì laithibh e, fòir ort féin : ma 's tu Mac Dhé, thig a nuas o'n chrann-cheusaidh. Mar an ceudna thubhairt na h-àrd-shagairt, maille ris na sgrìobhaichibh, agus na seanairibh, a' fanoid air, Shaor e daoine eile, e fein a shaoradh ni 'n comasach e : ma 's e Rìgh Israeil, thigeadh e nis a nuas o'n chrann-cheusaidh, agus creididh sinn e. Chuir e a dhòigh ann an Dia ; saoradh e nis e, ma tha toil aige dha : oir thubhairt e, Is mise Mac Dhé. Agus thug na gaduichean, a cheusadh maille ris, am beum ceudna dha ;” Mat. xxvii. 38—45. Tha an Soisgeulaiche *Marc*, mar an ceudna ag ràdh ; “ Agus thug iadsan a chaidh cheusadh maille ris anacainnt da ;” Marc. xv. 32. Tha so a' nochdadh truaidh-idheachd nàduir ro neo-ghnàthaichte. Agus is cinnteach gur e'n duine a b' urrainn spòrs a dheanamh d' an bhàs, agus masladh a thabhairt do 'n t-Slànuighear an uair a bha e fo chruaidh dhòruinn a' chroinn-cheusaidh, aon de na daoine mu dheireadh a shaoileamaid a bhiodh air a thèarnadh. Ach faic àrd-uachdranachd agus iochd an Tighearna ! A réir mar bha crìoch a' ghaduiche a' dlùthachadh, mhaothaich a chridhe—thòisich e air ùrnuigh—ghairm e air Crìosd air son tròcair. Bha cor cràiteach a chuirp fàbharach do leas 'anama ; thug a chor àraidh e fo éisdeachd guth an t-Slanuighir. Cha 'n 'eil e coltach gu 'm fac e Crìosd riamh roimhe ; a nis tha e 'g a fhaicinn, agus e a' cur suas na h-ùrnuigh sin, “ Athair, maith dhoibh ; oir cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh.” A nis tha e 'g a chluinntinn a' gabhail a chead d'a mhàthair—“ A bhean, feuch do mhac,” agus e 'g a tabhairt seachad fo chùram agus fo charthannas an deisciobuil ghaoil—“ A mhic, feuch do mhàthair.” Dh'fheudadh gu 'n do bhean so ri, agus gu 'n do leagh e cridhe a' mhèirlich ; no dh'fheudadh Dia meadh-

on eile a chleachdadh g'a thrèòrachadh a chum aithreachais. Tha mòran dhaoine bochda, cruaidh-fhortanach ann, nach 'eil mar a bha an gaduiche so, ann an cothrom a bhi a' cluinntinn mu Chrìosd, agus mu thròcair, agus mu shlàinte. Cha 'n 'eil iad a' cleachdadh a bhi 'taghal nan àitean sin anns am bheil Crìosd air a luaidh. Mo thruaighe! 's e nithe eile 'tha lìonadh an smaointean! tha iad ag imeachd air caochladh slighe; tha iad a' cumail fad as o thigh na h-ùrnuigh; cha 'n 'eil ni sam bith m'an aineolaiche an suilean na duilleagan a' Bhìobuill. Cha 'n 'eil ni sam bith a's sàruichte do fhaireachduinn pheacach làn-rùnaichte na searmonachadh soilleir, dìleas, eagnaigh, leis am bheil an tuairisgeul gu glan air a shloinneadh, an coguis-ean air am bioradh, agus am peacaidhean air an cur fa chomhair an sùilean. Chi am Ministear a shearmonaicheas an leithide sin de theagasg, atharrachadh ann an aogus a' choimhthionail ann an seachd bliadhna. Creididh cuid de 'n t-sluagh, agus ni iad aithreachas, am feadh a theicheas cuid eile o a fhrithealadh, agus a shireas iad teagasg ni 's ciùine. Uaithe so tha lìonmhorachd d' ar co-chreutairean 'nach 'eil idir a' cluinntinn ni sam bith a dhùisgeas, no a chuireas fo eagal iad. Bu chòir dòigh éigin a chleachdadh air son sireadh a mach nan creutairean bochda nach 'eil idir a' cluinntinn bhriathra na beatha. Tha dian thagradh ac' air ar n-ìochd; tha iad a' dol a dhìth as eugmhais còlais. Tha lìonmhorachd dhiubh air an togail o 'n òige ri cèird pheacaich. Cha 'n 'eil iad idir a' faotuinne cliu no caidreamh o 'm pàrantaibh, ach an uair a tha iad ealanta 's an òic. Cha deach' an dleasdanas do Dhia no do dhuine riamh innseadh dhoibh; cha 'n 'eil iad beò ach air son mèirle, mort, agus milleadh.

Air da so a bhi mar so, ciod ris am feud sinn sealltuinn, ach gu 'm meudaich cionta, gu 'n téid eucoraich an lìonmhorachd, gu 'm bi ar treabhan air an creachadh, ar bailtean air an truailleadh, agus ar prìosain air an lìonadh? Feudaidd luchd-riaghlaidh laghannan a chur an lìonmhorachd; feudaidd faicill an luchd-faire bhi air a mheudachadh, feudaidd na breithamhna binn a thoirt a mach, agus peanas a dheanamh; ach nam b' àill leibh buille a bhualadh air bun na craoibhe, O thugaibh peacaich

a dh' ionnsuidh Uain Dé, a tha a' toirt air falbh peacaidh an t-saoghail ! Bheir esan cridhe nuadh dhoibh, agus spiorad ceart, agus an sin tréigidh iad seirbhis a' pheacaidh gu bràth.

Ge b' e air bith àit anns am bheil fíor aithreachas, bheir e mach toradh iomchuidh an aithreachais. Bha diadhachd an duine so, ged nach robh i 'fàs ach aon uair, urramach ann an toradh. Thug i seachad mòran dearbhaidh air fìor dheisciobuileachd ; agus ged nach robh na dearbhaidhean so ach ann an an-fhàs, gidheadh tha iad a' dearbhadh dhuinn nach 'eil Crìosd a' teanadh duine sam bith ann 'n a pheacaidhean, ach o a *pheacaidhan*. Gabhamaid beachd orra.

(1.) Rinn e làn aideachadh air a chionta, agus dh' aontaich e ri ceartas na binn a bha air a toirt a mach air.

(2.) Thug e rabhadh, agus chronuich e a chompanach anns an olc. “Nach 'eil eagal Dé ort, agus gu bheil thu fo 'n dìteadh cheudna? agus sinne da rìreadh, an ceartas. “Tha so mar gu 'n abradh e, An àill leat fantuinn cruaidhichte gus a' chrìch? Nach 'eil eagal Dé ort, an làthair am feum thu seasamh gu h-aithghearr? O smuainich air do chrìch dheireannaich !

(3.) Dh'fhìreanaich e cliù Chrìosd. Thubhairt e, “Cha d' rinn an duine so cron air bith.”

(4.) Dh' aidich e a chreidimh ann an cumhachd agus ann an glòir Chrìosd, a' cur suas athchuinge ris agus 'g a aideachadh mar Rìgh agus mar Thighearn : “A Thighearna,” ars 'esan, “cuimhnich ormsa 'n uair a thig thu do d' rioghachd.” Bha so 'n a thiota àraidh ann am beatha ar Slànuighir, agus 'n a thiota anns an do chuir an gaduiche so, ri beul bàis, ni 's mò a dh' onoir air, na neach sam bith eile 'bha 's an uair sin air thalamh. Bhrath aon d'a dheisciobuil e ; dh' àicheadh aon eil' e, agus thréig a' chuid eil' e, agus theich iad. Bha 'n t-Ard-shagart agus na sgrìobhaichean 'g a chàineadh, bha a' ghràisg 'g a mhaslachadh, am feadh a tha an t-iompachan bochd so a' labhairt ris mar an t-aon chuspair aoraidh, a' glaothaich ris air son tròcair, agus a' tagradh air son àite 'n a rioghachd. Tha 'n t-eadar dhealachadh drùighteach agus iongantach.

Tionndaidheamaid a nis ar smaointean dh' ionnsuidh an t-SLÀNUIGHIR A' BÀSACHADH.

Ciod am feart a tha esan a' tabhairt air a' ghaduich' a tha an crochadh r'a thaobh? Ciod am freagradh a thug e d'a athchuinge? Thubhairt Iosa ris, Gu deimhin tha mi ag ràdh riut gu 'm bi thu maille riumsa an diugh ann an pàrras." 'S e so dìreach a shaoileamaid o'n *Ti* sin a's e a chridhe ionad còmhuidh na tràcair. Tha e a' filleadh ann,

(1.) Dearbhachd urramach air cho ealamh 's a tha Crìosd gu ùrnuigh a fhreagairt. Cha 'n 'eil an t-iompachan bochd, truagh, air a chumail mionaid ann an amharus. 'S ann a tha a' chùis mar gu 'm biodh Crìosd air deachdadh na h-ùrnuigh a chum 's gu 'm foillsicheadh e mòrachd a thròcair; gu 'n taisbeanadh e a thoil mhaith gu tèarnadh, agus gu 'm biodh na h-uile neach a leughas air a mhisneachadh gu esan iarraidh, chum na h-uile peacach neo-aithreachail fhàgail gun leithsgenl. Nach 'eil thu 'faicinn so? Ma tha, cleachd e chum do mhaith siorruidh.

(2.) Tha e 'toirt beachd shaibhir agus shòlasaich air innleachd na slàinte.

'N uair a bha maitheanas air a dheònachadh do 'n ath-chuingiche, cha robh aithris sam bith maille ris, cha d' rinneadh iomradh air mì-ghnèithealachd no ceannairceas an àma a chaidh seachad. 'S e maitheanas Rìgh a bh' ann—iomlan agus saor. Tha sinn a' faicinn ann soilleireachadh maiseach air an earrainn sin, "Seallaibh riumsa, agus bithibh air 'ur tèarnadh, uil' iomalla na talmhainn." Bha e cosmhuil ris an Israeleach leònta, a thug sùil air an nathair umha, agus a leighiseadh air ball. Tha e 'gèarradh as gu h-iomlan na h-uile dùil ri nèamh a chosnadh le toilltinneas an duine, agus a' daingneachadh firinn an t-soisgeil, gur saor thiodhlac an t-slàinte: 's e sin, ged is oighreachd nèamh a chaidh a cheannach, gidheadh nach 'eil i air a ceannach le oibribh fireantachd a rinn sinne, ach le fuil phrìseil Chrìosd, agus leis-san gu saor air a tairgseadh, agus gu saor air a tabhairt, do na h-uile h-anam a dh' iarras i.

(3.) Tha e 'toirt dearbhachd iongantach air cumhachd an t-Slànuighir. Spìon e peacach a làmhaibh an aoin eucoraich an uair a bha a làmhan féin ceangailte ris a' chrann-cheusaidh. Thug e buaidh air a' bhàs air crìochaibh a rioghachd féin. Dheònaich e beatha bhith-bhuan an uair

a bha e féin a' bàsachadh. Thug e seachad rioghachd an uair a bha e a' fulang mar fhear droch-bheirt; agus, mar ghaisgeach, thug e leis aon de a chomharan buaidhe do phàrras. Iosa bheannuichte! A Tighearna chumhachdaich! Co an truaghan de 'n chinneadh dhaonna a ruigeas a leas eagal a bhi air 'anam carbsadh riut?

(4.) Tha e 'tabhairt beachd dhuinn air cho aithghearr 's a's urrainn Dia anam uidheamachadh air son nèimh.

“An diugh bithidh tu maille riumsa ann am pàrras. An ceann beagan uairean rachadh a' ghrian fodha, 'n uair a chrìochnaicheadh là nan Iudhach; agus gidheadh bhiodh e ullamh. Thàinig gràs Dhé air aghaidh gu grad ann 'n a chridhe. Dh'fhàs e abuich ann an ùin' aithghearr. Bha ceud ghathan anfhann an t-soluis gu luath air an tionndadh gus an là iomlan! O cia bras a bha an t-atharrachadh o'n chrann-cheusaidh gus an crùn, o fhulangas gu glòir,—o iomall ifrinn gu aoibhneas nan nèamh! Ciod an iolach a dh' éirich anns a' bhaile naomh, ri faicinn na h-oibre cumhachdaich so! Ciod an cuthach a ghabhadh ifrinn ri faicinn neach a bha cho dùth air na lasraichean, air a spònadh air falbh, agus ann am beagan uairean, air a ghabhail a stigh do Pharras! Co a smuainicheas air so, agus a mheasas ni sam bith ro chruaidh air son an Tighearna?

(5.) Tha e 'n a dhaingneachadh air an fhìrinn shòlasaich so, gu 'n téid anama nan creidmheach, aig a' bhàs, air ball, a chum glòire. An so cha 'n 'eil àireamh sam bith de làithibh, no de sheachduinibh, no de bhliadhnaibh, anns am feum an t-anam fantuinn ann an staid mheadhonaich, gu bhi air a ghlanadh. Cha 'n 'eil: Bha e 'n a pheacach mòr; gidheadh cha robh feum aig' ach air fuil Chrìosd a mhàin a bhi air a co-chur r'a chridhe, chum a ghlanadh o na h-uile peacadh. Ged nach robh aithne sam bith aig air Chrìosd roimhe so, gidheadh cha d' iarr e duine idir gus a mholadh dha; chaidh e féin, calg-dhìreach a dh'ionnsuidh Chrìosd, agus bha a shoirbheachadh glòimhor. Am feadh a mhaireas an Tiomnadh-Nuadh, bithidh an ni so 'n a eisimpleir, agus bithidh a' bhuaidh n a bharantas nach iarr neach sam bith an Tighearn ann an dìomhanas Haleluiah!

Labhramaid a nis ann an rathad cleachdaidh o'n teagasg so, agus faiceamaid,

I. Na h-uile ni maith a tha anns an duine, gur e obair Dhé a th' ann. 'S an dearbh àm anns an robh an Tighearn Iosa a' toirt maitheanais do aon pheacach, agus 'g a shòlasachadh le gealladh air Pàrras, bha peacach eile cheart co faisg air, a' bàsachadh 'n a chionta agus 'n a thruaighe uile. Cha do tharruing e osna, cha do shil e deur, cha do chuir e suas aon athchuinge; dh'fhan e mar charraig, fuar, neo-mhothachail, gun drùigheadh. O an staid uamhasach anns am bheil an duine so! Ciod a dh'fheumas tighinn air ach corruich agus diomb, àmhghar agus teanntachd shìorruidh? Peacach a' bàsachadh gun aithreachas! C' uime nach do ghlaodh esan ri Crìosd mar a rinn an duin' eile? Co an cumhachd as leth an cuir sinn an t-eadar-dhealachadh so? Mu 'n do cheusadh iad, bha iad le chéile cruaidh; seadh, an déigh an crochadh air a chrann, rinn iad maraon fanoid air Crìosd. Co, ma's eadh, a rinn an t-eadar-dhealachadh eatorra? Co a thaisich cridhe, a dhùisg uamhasan, agus a tharruing a mach athchuinge an dara h-aoin? Am b'e Sàtan? Am b'e a cho-pheacach? Am b' iad athaisean an t-sluaigh? O cha b' iad. B'e gràs taisichidh, soilleirichidh, naomhaichidh Dhé a rinn e; agus mur bhith an gràs ceudna, cha bhiodh peacach gu bràth air 'iompachadh; bhithreamaid uile beò, agus bhàsaicheamaid ann ar ceannaireas. "Cha 'n àill leibh teachd a m' ionnsuidh," arsa Crìosd. Tha naimhdeas suidhichte anns na h-uile h-uchd an aghaidh Dhé. Cha dean ni 's lugha na cumhachd Ie-hobhal peacach deònach a bhi air a thèarnadh. Feumaidh gàirdean an Uile-chumhachdaich peacach a tharruing a dh'ionnsuidh Chrìosd. O mur gabh Dia truas dhinn, agus mur atharraich e ar cridhe, chaidh as duinn? Ioc buidheachas, a leughadair, nach 'eil thu anns an t-slochd gun ghrunn. Ioc buidheachas ma tha mothachadh agad air dùrachd sam bith an déigh an t Slànuighir. Gabh so mar chomharadh air mhaith. Dean faire os a cheann, thoir caidreamh dha; dean gach ni a dh'òrduich Dia gus a neartachadh. 'S e an tòiseachadh anfhann so obair Dhé; air an aobhar sin dean strì 'us dòchas gus am bi e coimhlionta.

II. Am feadh a mhaireas beatha mairidh dòchas.

Tha cor cuid de dhaoine glé an-earbsach ; ach cha n-urrainn iad a bhi ni's an-earbsaiche na bha cor an duine so. Cha 'n 'eil peacach sam bith air nach fheud tròcair Dhé ruigsinn ; air an aobhar sin, bu chòir meadhonan a chleachdadh ris na h-uile seòrsa, g' an treòrachadh a chum aithreachais. Ma 's urrainn thu teachd a dh'ionnsuidh ciontaich, fo dhìteadh, ann an slochd, imich, amhaire air, cuir an cuimhne air a chiont e, thoir rabhadh dha m'a chunnart, guidh air sealltuinn ri Iosa, a tha comasach air tèarnadh gus an ceum a's fhaide. Ma's urrainn thu teachd gu leabaidh-bhàis Phàirisich sam bith, thoir rabhadh dhàsan mar an ceudna ; agus ged tha cho beag de dhòchas uime agus a tha mu ghaduiche a' bàsachadh, gidheadh tagair ris ; thoir ionnsuidh air a choguis ; reub dheth an dealbh fir-eantachd as am bheil e ag earbsadh, agus fosgail suas dha na seòmraichean iomhaigheachd a tha am folach ann 'na chridhe cealgach, agus anabarrach eucorach. Mur urrainn thu a tharruing uaithe féin, leig ris dha uamhasan an sgrios shìorruidh air am bheil e a' tarruing am fagus. Cuir uile ghuthan an Tighearna f'a chomhair. Guidh air, as uchd Chrìosd, e bhi air a dheanamh réidh ri Dia ; no, air na h-uile dòigh, feuch ris a' pheacach a thabhairt gu stòl-coise tròcair.

III. Feumaidh peacaich aithreachas a dheanamh, air-neo dol a dhìth.

Feudaidh gu 'n ruig so sùil no cluas ciontaich éigin air a dhìteadh ; agus nach misnich e thu, O dhuine thruaigh, a chluinntinn gu 'n d'fhuair gaduiche ri beul bàis tròcair ? Thug a chuid peacaidhean gus a' chrann-cheusaidh e : ann an sin rinn e aithreachas, agus thug an Slànuighear do *fhlaithneas* e. Thug do chuid peacaidhean-sa thu gu prìosan agus gu breitheanas ; gu h-aithghearr feudaidh iad do thabhairt a chum na croiche ; agus mur gabh thu aith-teachas, bheir iad thu do ifrinn : An déigh sin tha a' chaithir bhreitheanais, an t-sìorrudheachd, agus an teine nach téid a mhùchadh. O pheacaich, luathaich agus iarr maithneas ! A nis tha dorus tròcair fosgailte ; a nis tha an Slànuighear a' cromadh a chluaise, agus a' feitheamh airson d'athchuinge ; a nis tha dòchas ann ; ach ann am beagan làithean theagamh, ann am beagan uairean, bithidh do là

gràis-sa air dol seachad. Gabh greim, guidheam ort, air aon dòchas, agus dòchas deireannach a' pheacaich. Pill a dh'ionnsuidh an Tighearna; aidich do chuid peacailhean; aisig dhoibhsan air an d' rinn thu eucoir, ma tha e ann do chomas; glaodh gu dian ri Dia air son tròcair; socrnich do dhòchas maitheanas fhaotuinn gu h-ìomlan air toilltinn-eas Iosa. Ma tha nèamh gu bhì air a chosnadh le oibribh, tha thusa shìos deth; cha n urrainn thus' a chosnadh; ach ma tha e air a thabhairt gu saor dhoibhsan a dh' earbas á Crìosd, an sin tha aobhar dòchais agad. O luathaich a dh'ionnsuidh Chrìosd!

IV. Tha e anabarrach cunnartach agus ciontach cùram an anna a leigeadh seachad gu là a' bhàis.

Feudaidh cuid a bhì air am mealladh gus an teagasg so a mhi-bhuileachadh a chum an sgrios sìorruidh. Seadh, a deir iadsan, nach cuala sibh cia mar a thug Crìosd maitheanas do 'n ghaduich' air a' chrann-cheusaidh? Fhuair esan tròcair mu dheireadh, agus c'arson nach faigheadh sinne? C' uime am biodh sinn ann an cabhaig sam bith? C' uime nach fanadh sinn ni 's fhaide ann an taitneasaibh an t-saoghail? C' uime? Seadh, innsidh sinn dhuibh c' uime. Bha dà ghaduiche air an ceusadh maille ri Crìosd, agus bhàsaich aon diubh mar a bha e, agus ma ni thusa dearmad air an t-slàinte mhòir a nis, tha e ni 's coslaiche gu-m faigh thu bàs mar an neo-aithreachail no mar an t-aithreachail. Tha *aon* eisimpleir air a cur air chuimhne, chum 's nach tuitadh neach sam bith ann an eu-dòchas; agus cha 'n 'eil ann *ach a h-aon*, a chum nach gabhadh neach idir dànadas. Gabh na nithe so gu cùramach gu cridhe. Cha 'n 'eil sinn a' feòraich, am bheil sibh 'n 'ur gaduichibh, no 'n 'ur breugairibh, no 'n 'ur luchd brisidh sàbaid? Tha dòchas againn nach 'eil. Ni mò tha sinn a' foighneachd, am bheil sibh 'n 'ur misgeiribh, no 'n 'ur luchd mhionnan, no adhairtranas, no strìopachais? Tha dòchas againn nach 'eil. Ach feudaidh sibh a bhì saor o na ciontaibh uamharra so uile, agus gidheadh air an rathad mhòr gu sgrios sìorruidh; beo as eugmhais Dhé, agus as eugmhais dòchais, air 'ur slugadh suas ann an dòighean an t-saoghail, agus a' cur suarach na h-aoin slighe a tha 'treòrachadh a chum nèimh.

Am bheil beachd agaibh d' ur cor? An d'thug caraid idir rabhadh dhuibh m' ur staid chiontaich? An do theagaisg neach sam bith sibh a thaobh 'ur dleasdanas do Chrìosd? Tha e ag agairt 'ur cridhe. Ni creidimh 'n a ainm ur n-anam a thearnadh. Air falbh le 'ur faoinbheachdan uile, agus thigibh d' a ionnsuidh-san mar chreutairibh ciontach, aig nach 'eil ni sam bith, ag iarraidh furtachd uaithe-san, aig am bheil na h-uile nithe. Feumaidh sibhs' a bhi air 'ur tèarnadh dìreach mar a bha an gaduiche a bha 'bàsachadh, air-neo cha 'n urrainn sibh a bhi air ur tèarnadh idir. Dh' iarr esan, agus fhuair e—Chreid esan, agus bha e air a thèarnadh. Dh' earb esan, agus cha do chuireadh gu h-amhladh e.

Tha Tobar ùr air 'fhosgladh dhuinn,
De fhuil an t-Slànuighir làn;
'S gach peacach tinn a nighear ann,
Bidh se gu cinnteach slàn.

Rinn Gaduich' truagh àrd-chaitheam buaidh,
'N a fheartaibh air a' Chrann;
Is feudaidh mis, cho gràineil ris,
Bhi air mo ghlanadh ann.

Cha chaill, Uain' ghràidh! d' fhuil phriseil bhlàth
A feartan glanaidh 'chaoidh,
Gu ruig an là 's an seas a'd làth'r,
O pheacadh saor, do naoimh.

O 'n uair tre chreidimh 'm facar leam
D' fhuil phriseil 'shruth gu làr,
Gaoil saoraidh 's e 's cùis òrain domh,
'S a bhios gu là mo bhàis;

Air glòir do chumhachd tèarnaidh 'n sin
Ard-sheinnidh mi le buaidh,
'Nuair bhios an teangadh mhanntach, bho chd-9
Gu tosdach anns an uaigh.

“Uime sin mar a thàinig peacadh a steach do’n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre’n pheacadh; mar sin mar an ceudna thàinig bàs air na h-uile dhaoineibh, do bhrìgh gu’n do pheacaich iad uile. Oir gus an lagh, bha peacadh anns an t-saoghal: ach cha chuirear peacadh á leth *dhaoine* far nach ’eil lagh. Gidheadh, rioghaich am bàs o Adhamh gu Maois, eadhon air an dream nach do pheacaich a réir coslais eas-umhlachd Adhaimh, neach a’s e samhladh an ti ud a bhari teachd: Ach cha’n ann mar an cionta, a tha’n saor-thiodhlac. Oir ma fhuair mòran bàs tre chionta aoin, is mò gu mòr na sin a *tha* gràs Dhé, agus an tiodhlac troimh ghràs *à ta* tre aon duine, Iosa Crìosd, pailt do mhòran. Agus cha’n ann mar tre aon duine a pheacaich, *mar sin* a tha’n tabhartas: oir *bha* am breitheanas tre aon *chionta*, chum dìtidh: ach *a ta’n* saor-thabhartas o mhòran chiontaibh chum fireanachaidh. Oir ma’s e as tre chionta aon *duine*, gu’n do rioghaich am bàs tre aon, is mò gu mòr na sin a rioghaicheas iadsan, a gheibh pailteas gràis, agus tabhartais na fireantachd, ann am beatha tre aon, eadhon Iosa Crìosd. Uime sin mar tre chionta aoin *duine a thàinig breitheanas* air na h-uile dhaoineibh chum dìtidh, is amhuil sin mar an ceudna tre fhìreantachd aoin, *thàinig an saor-thiodhlac* air na h-uile dhaoineibh chum fireanachaidh na beatha. Oir mar tre eas-umhlachd aoin duine a rinneadh mòran ’nam peacaich, is amhuil sin tre ùmhlachd aoin *duine* a nìthear mòran ’nam fìreanaibh. Ach thàinig an lagh a steach, chum gu meudaichteadh an cionta: ach far an do mheudaicheadh am peacadh, bu ro-mhò a mheudaicheadh gràs: Chum as mar a rioghaich am peacadh chum bàis, mar sin gu’n rioghaicheadh gràs tre fhìreantachd chum na beatha maireannaich, tre Iosa Crìosd an Tighearn.”—ROMHANAICH V. 12-21.



LONDON: THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.
MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.

[Price 3s. per 100.]